


A' dèanamh an eadar-dhealachaidh

Lagh ùr gus taic a thoirt do phàrantan



Is ann dhà-rìreabh aig pàrantan, luchd-cùraim agus buill teaghlaich a tha a' bhuidheas as motha air beatha an cuid cloinne. Co-dhiù, eadar aois 5 agus 16 chan eil clann a' cur seachad ach 15% den ùine aca san sgoil! Tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil clann a' dèanamh nas fheàrr san sgoil agus trom beatha air fad nuair a tha am pàrantan gu dìreach a' gabhail com-pàirt san ionnsachadh aca. Tha a' bhileag seo ag innse dhuibh mu atharrachaidhean a chaidh a dhèanamh san lagh gus pàrantan agus sgoiltean a chuideachadh gus a bhith ag obair còmhla mar chom-pàirtichean ann an ionnsachadh cloinne.



Dòigh-obrach ùr a thaobh com-pàirteachas

Seach gu bheil dreuchd fìor chudromach aig pàrantan ann am foghlam an cuid cloinne, tha Pàrlamaid na h-Alba air gabhail ri lagh ùr leis an ainm Achd Sgoiltean na h-Alba (Com-pàirteachas Phàrantail) 2006 – gus taic agus brosnachadh a thoirt do phàrantan gus com-pàirt a ghabhail.

Tha a' chuid as motha de sgoiltean mar-thà ag obair gu cruaidh gus pàrantan a chom-pàirteachadh, ach tha an Achd ga dhèanamh na phrìomhachas àrd airson gach ùghdarras foghlaim agus gach sgoil gus taic a chur ri com-pàirteachas phàrantan:

- ▶ aig an taigh – le bhith a' toirt fiosrachadh dhaibh mu na tha a' chlann aca ag ionnsachadh san sgoil agus na dòighean as fheàrr gus taic a chur ris a seo aig an taigh
- ▶ tron sgoil – le bhith a' toirt chothroman dhaibh gus cur ri beatha na sgoile m.e. le bhith a' cuideachadh ann an seòmar a' chlas, air turasan sgoile agus aig tachartasan sgoile
- ▶ ann an dòigh nas foirmeile – le bhith gan cuideachadh gus roghainn a dhèanamh a thaobh dè an seòrsa buidheann phàrant a bu chòir a bhith aig an sgoil.

Na tha pàrantan air a ràdh

Tha pàrantan soilleir mun chuideachadh a tha iad ag iarraidh gus taic a thoirt do ionnsachadh an leanabh aca. Tha sibh ag iarraidh deagh chothroman gus na beachdan agaibh a thoirt am follais, gus ceistean a tha cudromach dhuibh fhèin agus don leanabh agaibh a thoirt am bàrr, gus freagairt cheart fhaighinn do na h-iarrtasan agus na ceistean agaibh agus gus barrachd fios a bhith agaibh mu na tha a' tachairt ann an sgoiltean. Tha an lagh ga dhèanamh nas fhasa dhuibh na nithean seo uile a dhèanamh.

Dè a tha an lagh ag ràdh?

Is iad prìomh amasan Achd Com-pàirteachaidh Phàrantail (an lagh ùr):

- › pàrantan a chuideachadh gus pàirt nas motha a ghabhail ann am foghlam agus ionnsachadh an leanabh aca
- › pàrantan fhàilteachadh mar chom-pàirtichean gnìomhach ann am beatha na sgoile
- › dòighean nas fhasa a thoirt seachad airson 's gun urrainn do phàrantan na beachdan agus na miannan aca a thoirt am follais.

Airson cuideachadh gus na h-amasan seo a choileanadh, bidh pàrantan **uile** gu fèin-ghluasadach nam buill de Fòram nam Pàrant aig sgoil an leanabh aca agus bidh còir aca beachd a thoirt seachad mu na tha a' tachairt san sgoil.

Dè a tha a bhith nur ball de dh'Fhòram nam Pàrantan a' ciallachadh?

Mar bhall, faodaidh sibh a bhith a' sùileachadh gum faigh sibh:

- › fiosrachadh mu na tha an leanabh agaibh ag ionnsachadh
- › fiosrachadh mu thachartasan agus gnìomhan aig an sgoil
- › comhairle/cuideachadh air mar a dh'fhaodas sibh taic a chur ri ionnsachadh an leanabh agaibh
- › fiosrachadh mu chothroman gus a bhith a' gabhail com-pàirt san sgoil
- › beachd a thoirt seachad ann a bhith a' taghadh Comhairle Phàrant a dh'obraicheas às leth gach pàrant san sgoil agaibh.

Dè a th' ann an Comhairle Phàrant?

Bidh a' Chomhairle Phàrant ùr aig an sgoil agaibh glè chàirdeil ri pàrantan – is e cothrom air leth a th' ann gus barrachd com-pàirt a ghabhail!

Is e dreuchd Comhairle Phàrant:

- ▶ taic a thoirt don sgoil anns an obair aice le sgoilearan
- ▶ beachdan nam pàrant uile a riochdachadh
- ▶ ceanglaichean a bhrosnachadh eadar an sgoil, pàrantan, sgoilearan, buidhnean ro-sgoile agus a' choimhearsnachd nas fharsainge
- ▶ aithris air ais gu Fòram nam Pàrant.



Bidh Comhairle Phàrant ùr na sgoile agaibh air a h-aithneachadh gu laghail bho Lùnastal 2007 agus mar sin bidh guth farumach aice. Feumaidh an sgoil agus an t-ùghdarras ionadail èisteachd ris na tha a' Chomhairle Phàrant agaibh ag ràdh agus freagairt cheart a thoirt dhi. Bidh Comhairle Phàrant a h-uile sgoil eadar-dhealaichte seach gur e **pàrantan** anns gach sgoil a nì co-dhùnaidhean mu rudan leithid:

- ▶ mar a bhios a' Chomhairle aca air a cur air dòigh
- ▶ an t-ainm a bu chòir a bhith oirre
- ▶ a' mheud a bu chòir a bhith innte – m.e. ann am bun-sgoil bheag dh'fhaodadh na pàrantan uile com-pàirt a ghabhail
- ▶ cò a bu chòir a bhith nam buill de Chomhairle nam Pàrant
- ▶ mar a bu chòir dhaibh a bhith air an cur an dreuchd
- ▶ na h-amannan as fheàrr airson coinneamhan a chumail
- ▶ na rudan air am bithear a' bruidhinn aig coinneamhan – dh'fhaoidte gum bi na cuspairean seo a' gabhail a-steach aodach sgoile, parcadh faisg air an sgoil, poileasaidh na sgoile an aghaidh burraidheachd, m.s.a.a.

Bidh cothrom ann pàirt a ghabhail ann a bhith a' cur air dòigh Comhairle Phàrant ùr na sgoile agaibh eadar seo agus Iuchar 2007. Coimheadaibh a-mach airson fiosrachadh mu na dòighean san urrainn dhuibh na beachdan agaibh a chur air adhart a thaobh nan rudan a b'fheàrr a dh'obraicheadh don sgoil agaibh.

Càite am faigh mi tuilleadh fiosrachaidh?

Faodaidh sibh tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn mu Achd Com-pàirteachaidh nam Pàrantan agus na dòighean sa bheil i a' toirt taic do dhreuchd phàrantan mar chom-pàirtichean ann an ionnsachadh an cuid cloinne, le bhith:


- a' cleachdadh *Pasgan airson Pàrantan mar Chom-pàirtichean ann an ionnsachadh an cuid cloinne*. Chaidh am pasgan seo a chur chun a h-uile sgoil, bòrd sgoile agus CPL. Na bhroinn tha liostaichean-sgrùdaidh agus gnìomhan airson pàrantan agus sgoiltean a chuideachadh gus coimhead air dòighean gus obrachadh còmhla
- a' foighneachd do cheannard na sgoile no do neach-teagaisg an leanaibh agaibh mu na rudan a dh'fhaodas sibh a dhèanamh gus taic a thoirt do ionnsachadh an leanaibh agaibh no gus barrachd com-pàirt a ghabhail san sgoil
- a' foighneachd do bhòrd na sgoile no do CPL dè na rèiteachaidhean a tha ann airson a bhith a' cur air dòigh Comhairle Phàrant ùr.

Lorgaidh sibh tuilleadh fiosrachaidh mu phàrantan mar chom-pàirtichean ann an ionnsachadh an cuid cloinne, no taobh sam bith de dh'fhoghlam ann an Alba, air Parentzone. **www.parentzonescotland.gov.uk**

Tha 8 às gach 10 pàrantan den bheachd gum bu chòir do phàrantan co-dhùnadh a dhèanamh air na dòighean sam bu chòir do Chomhairle Phàrant na sgoile aca a bhith air a cur air dòigh agus na rudan air am bu chòir dhi a bhith a' bruidhinn.
(Cunntas MORI bho chionn ghoirid)



Chan eil 7 às gach 10 pàrantan idir a' gabhail pàirt ann an gnìomh de sheòrsa sam bith aig sgoil an leanaibh aca, agus bu toil le cha mhòr leth dhiubh barrachd com-pàirt a ghabhail.
(Cunntas MORI bho chionn ghoirid)



Ceanglaichean agus seòlaidhean feumail

Parentzone www.parentzonescotland.gov.uk

BBC Parents www.bbc.co.uk/schools/parents

One Parent Families Scotland www.opfs.org.uk

Fòn: 0800 018 5026

Parentscentre www.parentscentre.gov.uk

ParentLine Scotland www.children1st.org.uk/parentline

Fòn: 0808 800 2222

Parent Network Scotland www.parentnetworkscotland.org.uk

Fòn: 0131 555 6780

Enquire (An loidhne comhairleachaidh Albannach airson taic a bharrachd airson ionnsachaidh)

Loidhne-chuideachaidh: 0845 123 23 03 Fòn-teacsa: 0131 222 2439

www.enquire.org.uk

Tis e seo an dàrna bileag deug ann an sreath a tha a' soilleireachadh an eadar-dhealachaidh dha-rìreabh a dh'fhaodas agus a tha pàrantan a' dèanamh a thaobh ionnsachadh an cuid cloinne. Cuide ris a' chomhairle ionadail a gheibh sibh mu na rèiteachaidhean a th'ann an sgoil an leanaibh agaibh, bheir an t-sreath seo fiosrachadh dhuibh a chuidicheas sibh gus pàirt nas fheàrr a ghabhail ann am foghlam an leanaibh agaibh. Is iad na bileagan eile a chaidh fhoillseachadh: Obair-dachaigh, A' roinneadh fiosrachadh, Oidhcheannan phàrant, Saor-làithean sgoile, A' tòiseachadh bliadhna sgoile ùr, Ionnsachadh taobh a-muigh na sgoile, Roghainnean fallain, Iomairt ann am foghlam, Teicneolas ùr ann am foghlam, A' gabhail pàirt ann an sgoil an leanaibh agaibh agus Dealbhadh ionnsachadh pearsanta. Tha an t-sreath cuideachd a' gabhail a-steach stuthan airson sgoiltean agus luchd-teagaisg air na cuspairean seo.

Ma tha sibh airson fios a chur thugainn, na cuspairean a mholadh airson bileagan san àm ri teachd, tadhailibh air www.parentzonescotland.gov.uk. Gheibhear a' bhileag seo ann an cànanan coimhearsnachd agus riochdan eadar-dhealaichte bho sgoil an leanaibh agaibh agus bho làrach-lìn Parentzone.

Chaidh an t-sreath seo a dheasachadh ann am com-pàirt ris an Aonad Càileachd ann am Foghlam (Oilthigh Shraithluaidh) agus Clann ann an Alba.

Thathar a' meas gu bheil an t-eadar-theangachadh seo na riochdachadh cuimseach den tùs-sgrìobhainn.



SCOTTISH EXECUTIVE